

Mapa-lùil Coimhearsnachd airson Freagarrachadh na Gnàth-shìde



Chaidh an goireas seo eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig le Comataidh Mòd an Òbain agus le taic bho ABCAN



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



A collage of nature elements. At the top, a gnarled tree branch with several bright green fern fronds extends across the frame. In the lower-left, a grey and brown spotted seal lies on a large, rounded rock covered in vibrant green moss. In the lower-right, several tall green reeds with brown, cylindrical seed heads stand upright.

Cuir fios oirnn

Ma tha ceistean agaibh mun
Mhapa-lùil, cuiribh fios air
sgioba Adaptation Scotland tro
adaptationscotland@sniffer.org.uk air
neo tro X (Twitter)
[@AdaptationScot](https://twitter.com/AdaptationScot)

Buidheachas

Tha [Adaptation Scotland](#) uabhasach taingeil airson an ùine, na sgilean agus an t-eòlas a thugadh seachad le iomadh neach agus buidheann gus am Mapa-lùil seo thoirt gu buil. Gu sònraichte, feumar taing a thoirt do sgioba a' Mhapa-lùil airson an cuid taic le bhith a' dearbhadh gu bheil an susbaint fhèin feumail agus buntainneach. Tha bun-bheachd agus susbaint a' Mhapa-lùil a' tarraing air brosnachadh bhon obair agus rannsachadh aig Adaptation Scotland agus an t-eòlas farsaing aig sgioba a' Mhapa-lùil air obrachadh air ceumannan a thaobh na gnàth-shìde agus gnìomhachd sòisealta.

Prìomh Ùghdaran: Iryna Zamuruieva agus Aoife Hutton

Luchd-taic a' Mhapa-lùil: Joan Lawrie, Bethany Lawrie agus Stephanie Remers, [Highlands and Islands Climate Hub](#); Pamela Barnes agus Ruth Evans, [Development Trusts Association Scotland](#) (DTAS); Tara Murray agus Alison Stuart, [North East Scotland Climate Action Network](#) – Climate Hub (NESCAN Hub); Pam Candea, [Scottish Communities Climate Action Network](#) (SCCAN), Kerry Jardine, [ReadyScot](#)

Tha sinn cuideachd taingeil do ar co-obraichean aig [Verture](#) a tha air cur ri cruth a' Mhapa-lùil: Anna Beswick, Ben Connor, Cat Payne, Catherine Pearce, Eleanor Pratt, Ruth Wolstenholme agus Alex Cameron-Smith

Tha Adaptation Scotland na phrògram a tha ga mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus ga libhrigeadh le Sniffer Àireamh Carthannas Albannach SC022375, Àireamh Companaidh SC149513. Clàraichte ann an Dùn Èideann. Oifis Clàraichte: Caledonian Exchange, 19a Canning Street, Edinburgh, EH3 8HE

Cruth agus dealbhan le [Savannah Vize](#)

Adaptation
Scotland
supporting climate change resilience

verture



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



Susbaint

Briathrachas

2

Am Mapa-lùil

4

Siubhal

5

Ath-ùrachadh nàdair

6

Togail sgilean agus fastadh

7

Taigheadas agus Coimhearsnachdan

8

A' cur ri fèin-seasmhachd

10



Briathrachas

Dè th'ann am freagarrachadh air atharrachadh na gnàth-shìde agus a bhith seasmach ro dhian-aimsir?

Ath-leumachd na gnàth-shìde

Tha ath-leumachd na gnàth-shìde a' ciallachadh gu bheilear deiseil ro-aithneachadh agus ullachadh airson tachartasan, treandan, no atharrachaidhean sam bith a bhuineas ris a' chliomaid, agus a bhith deiseil freagairt orra.

Freagarrachadh air atharrachadh na gnàth-shìde

'S e th' ann am freagarrachadh air atharrachadh na gnàth-shìde ach gach gnìomh a dh'fhaodas sgìre, baile no coimhearsnachd leasachadh agus stèidheachadh gus eaconomaidhean agus coimhearsnachdan nas seasmhaiche a thogail, gus freagairt air buaidh atharrachadh na gnàth-shìde mar a tha i an-dràsta no mar a thathas an dùil san àm ri teachd.

Tha e cudromach a bhith a' cuimhneachadh gu bheil atharrachaidhean air an stàirsneach mar-thà agus feumaidh sinn a bhith deiseil ullachadh airson sin, fiù 's ged a thigeadh lùghdachadh anns na h-eimiseanan againn uile (leithid tro bhith a' cruthachadh cumhachd ath-nuadhachail agus a bhith ag obair gus taighean a dhèanamh nas èifeachdaiche a thaobh lùths). Mar sin, feumar an dà rud – freagarrachadh ris na tha ann mar thà, agus lùghdachadh (gearradh eimiseanan).

Ionnsaich mar a tha a' choimhearsnachd agus sgìre agaibh fhèin a' tighinn fo bhuaidh atharrachadh na gnàth-shìde an-dràsta agus san àm ri teachd

Thairis air na beagan deicheadan mu dheireadh, tha cliomaid na h-Alba air blàthachadh, le patranan uisge ag atharrachadh, agus èirigh air thighinn air ìre na mara. Tha crìochan teothachd na h-aimsire fhèin ag atharrachadh cuideachd, leis na làithean as blàithe againn a' fàs nas blàithe agus na làithean as fhliuche againn a' fàs nas fhliuche.

Ged a tha buaidh atharrachadh na gnàth-shìde eadar-dhealaichte bho sgìre gu sgìre, tha rudan anns a' chumantas. Tha atharrachadh na gnàth-shìde nas coltaiche buaidh a thoirt air patranan uisge, le dìleannan troma a' tighinn nas trice, agus seo ag adhbharachadh barrachd thuiltean air feadh na dùthcha.

Tha buaidh gu bhith aig seo air dachannan dhaoine agus bun-structar poblach (leithid tùsan dealain, gas agus an eadar-lìon)

– le buaidh math dh'fhaodte cuideachd air daoine agus an àrainneachd nàdarach. Bidh greisean tioram a' marsainn nas fhaide, agus tartan agus greisean air leth teth a' tachairt nas trice.



Tha na leanas mar na prìomh threandan fad-ùine a tha ro Alba a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde:



An teothachd chuibheasach airson gach ràith a' dol an-àrd



Samhraidhean àbhaisteach a' dol nas blàithe agus nas tiorama



Uisge dìan, trom a' tighinn nas trice, an dà chuid as t-samhradh agus anns a' gheamhradh



Mairidh aimsir caochlaideach agus math dh'fhaodte gun tèid seo am mìosad



Bidh geamhraidhean san fharsaingeachd a' fàs nas blàithe agus nas fhliuche



Bidh ìre na mara ag èirigh



Cha bhi reòthadh is sneachd ann cho tric tuilleadh

Am Mapa-lùil

Tha gach coimhearsnachd eadar-dhealaichte, agus dh'fhaodadh am buidheann agaibh coimhead ri mar a dhèiligeadh e ri èiginn eag-eòlach agus cùis-èiginn na cliomaid mar phrìomhachas, air neo dh'fhaodadh sin a bhith dìreach mar aon de na duilgheadasan leis am feum sibh dèiligeadh. Air an adhbhar seo, tha e cudromach gun tuig sibh, mar bhuidheann, an t-àite agaibh-se ann a bhith a' taiceachadh na coimhearsnachd agaibh gus a bhith a' fàs nas seasmhaiche an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde, ge bi dè am prìomhachas agaibh. Tha roghainn ghnìomhan ann do bhuidheann coimhearsnachd, a-rèir an cuid goireasan agus prìomhachasan.

Bidh am Mapa-lùil seo a' toirt dhuibh fiosrachadh mu na ceumannan practaigeach a dh'fhaodadh a' choimhearsnachd agaibh a ghabhail gus a bhith nas seasmhaiche an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha na ghnìomhan seo gan sgaradh fo chòig diofar chuspairean:

- ◆ **Siubhal**
- ◆ **Ath-ùrachadh nàdair**
- ◆ **Togail sgilean agus fastadh**
- ◆ **Taigheadas agus coimhearsnachdan**
- ◆ **A' cur ri fèin-seasmhachd**

Tha na ghnìomhan cuideachd comharraichte le cunnartan cliomaid buntainneach agus a-rèir faid a' ghnìomh:

- ☀ **Teasachadh:** Gnìomhan gus dèiligeadh le buaidh cus teas am broinn togalaichean. Anns an RA, tha cunnartan cus teas a' fàs mar chùis uallaich slàinte agus maith dhaoine.
- 🌊 **Tuiltean:** Gnìomhan gus dèiligeadh le buaidh ionadail thuiltean. Bidh tuiltean a' tighinn tric ann an Alba, agus tha atharrachadh na gnàth-shìde a' cur ris.
- 🌪 **Cladaichean:** Gnìomhan gus dèiligeadh le cunnartan ron chosta. Tha cladaichean na h-Alba gu sònraichte so-leònta ro atharrachadh na gnàth-shìde, leis gu bheil iad fo bhuaidh atharraichean air tìr agus aig muir.
- 🏠 **Tart:** Gnìomhan gus uisge a shabhaladh agus gainnead uisge a sheachnadh. Tha dùil ri samhraidhean nas tiorama ann an Alba, le greisean fada gun chus uisge, no gun uisge sam bith, ag adhbhrachadh tart.
- ⚠ **Dian-aimsir:** Gnìomhan gus ullachadh airson dèiligeadh ri tachartas dian-aimsir. Tha e coltach gun tig tachartasan dian-aimsir nas trice ann an Alba ri linn atharrachadh na gnàth-shìde.
- ⌚ **Geàrr-ùine:** Gnìomhan ruigsinneach a ghabhas coilionadh gu furasta. Mar is àbhaist, chan eil feum air an t-uabhas goireasan, agus mar sin, gabhaidh an cur an-sàs gu sgiobalta.
- 📅 **Fad-ùine:** Faodaidh na ghnìomhan seo a bhith toinnte agus math dh'fhaodte gun toir iad nas fhaide an toirt gu buil. Bidh feum air taic agus co-obrachadh farsaing, a thuilleadh air goireasan leithid airgead, ùine agus taic teicnigeach.

Siubhal



Obraich còmhla ri uachdarain-fearainn gus dearbhadh gum bi rathaidean agus ceuman seasmhach ann

Obraich còmhla ri tuathanaichean agus uachdarain-fearainn eile gus rathaidean, ceuman agus slighean rothair fosgailte agus sàbhailte a dhearbhadh rè tachartasan dian-aimsir.



Leasaich dòighean còmhdhail choitcheann

Lùghdaich eimiseanan carbain na coimhearsnachd agaibh agus cruthaich fuasgladh reusanta agus iomchaidh airson feumalachdan siubhail ionadail, le roghainnean airson siubhal choitcheann na chois.



Ath-ùrachadh nàdair



Dìon agus ùraich gàrraidhean agus làraich uaine coimhearsnachd

Thoir feabhas air bith-iomadachd agus cruthaich barrachd làraich tlachdmhòr, freagarrach, le raointean airson gàrraidhean-uisge, flùraichean-fiadhaich agus bith-àrainnean airson fiadhbheatha tùsanach.



Fàs craobhan agus cuir coilltean ùra

Faodaidh na craobhan ceart anns an àite cheart cur ri lùghdachadh cunnart thuiltean – broснаich a' choimhearsnachd agaibh gus craobhan a chur aig an taigh agus ann an sgìrean cumanta



Obraich còmhla ri uachdarain-fearainn gus piseach a thoirt air dòighean stiùiridh fearainn

Tha diofar dhòighean ann buaidh a thoirt air mar a tha fearainn ga chleachdadh agus ga stiùireadh. Obraich còmhla ri uachdarain-fearainn ionadail leithid coimhairlean, comainn taigheadais agus tuathanaichean gus leasachaidhean a bhrosnachadh.



Togail sgilean agus fastadh



Obraich còmhla ris a' chomhairle ionadail agaibh gus eòlas a thogail mu bhuaidh ionadail atharrachadh na gnàth-shìde

Faodaidh an t-eòlas ionadail seo cur ri ionnsachadh chudromach airson ath-leumachd a bhrosnachadh san àm ri teachd.



Tog sgilean airson obraichean uaine an-dràsta agus san àm ri teachd

Leasaich sgilean airson obraichean uaine san àm ri teachd, leithid stiùireadh fearainn, glèidhteachas, agus cumhachd ath-nuadhachail, agus na roinnean seo a' sìor-fhàs.



Stèidhich, ruith agus thoir fàs air gnothachasan a tha gan stiùireadh leis a' choimhearsnachd

Le bhith a' stèidheachadh iomairtean leithid taighean-fuine coimhearsnachd, leabharlannan de dh'innealan agus bùithean a tha ag amas a bhith gun chaitheamh sam bith, faodaidh seo obraichean ùra chruthachadh agus fèin-seasmhachd ionadail a dhaingneachadh.



Taigheadas agus coimhearsnachdan



Cuir an-sàs ceuman gus taighean a dhìon bho thuiltean

Brosnaich daoine anns a' choimhearsnachd gus dìon bho thuiltean a chur an-sàs aig an taigh, le bhith a' dèanamh rudan leithid a bhith a' stèidheachadh gàird-dorais, a' cumail rian ri drèanaichean agus tuilleadh.



Dèan cinnteach gu bheil daoine anns a' choimhearsnachd agaibh leis an àrachas iomchaidh

Ma tha sibh a' fuireach ann an sgìre a tha fo chunnart thuiltean, dèanaibh cinnteach gu bheil àrachas agaibh airson an taigh agus na tha na bhroinn a tha a' gabhail a-steach milleadh bho thuiltean.



Lùghdaich cunnartan taiseachd agus teothachd

Obraich còmhla ri daoine anns a' choimhearsnachd agaibh gus cunnartan taiseachd agus teothachd, a thig ri linn geamhraidhean nas fliuche agus samhraidhean nas teotha, a lùghdachadh





Cuir làraich uaine agus gorm an-sàs an-àite talamh cruaidh

Stèidhich barrachd làraich so-dhrùidhteach agus cuir planntais an-sàs gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh le tuithean.



Cruthaich àitean a-muigh a tha so-ruigsinneach, fionnair agus tarraingeach

Bidh làraich poblach aig àrd-ìre a' cur ri faireachdainn na coimhearsnachd a thuilleadh air cuideachadh le bhith a' dèiligeadh le buaidh atharrachadh na gnàth-shìde.



A' cur ri fèin-seasmhachd



Cleachd uisge gu h-èifeachdach

Cleachd uisge san taigh agaibh le bhith a' trusadh uisge a shileas agus ag ath-cuairteachadh uisge 'liath' no uisge a chaidh a chleachdadh mar-thà a chur gu feum eile



Stèidich agus ruith buidheann ath-leumachd coimhearsnachd

Gus cuideachadh le planadh airson suidheachaidhean èiginneach ionadail, faodaidh buidheann ath-leumachd coimhearsnachd taic a chumail ri daoine ionadail a bhith deiseil freagairt agus dèiligeadh le buaidh tachartasan mì-rianail



Glèidh uidheamachd riatanach coimhearsnachd

Dèanaibh cinnteach gu bheil uidheamachd chudromach leithid bocsaichean-grinneil agus pocannan-gainmheach am measg a' choimhearsnachd agaibh gus dèiligeadh le tachartasan dian-aimsir.





Stèidhich agus ruith gàrradh coimhearsnachd le lusan airson ithe

Ge bi ma 's ann an gàrradh ur taighe, no mar choimhearsnachd, le bhith a' fàs a' bhìdh agaibh fhèin, tha sibh a' fas biadh ann an doigh a tha seasmhach agus nach eil a' dèanamh cròn air a' chliomaid.



Ath-ùraich, stèidhich agus cùm curam ri goireasan coimhearsnachd

Cùm cùram ri togalaichean sgoile, ionadan coimhearsnachd, àitean adhradh agus làraich eile a dh'fhaodas a bhith cudromach airson na coimhearsnachd, a thuilleadh air a bhith mar stòras airson uidheamachd èiginneach.



Cùm taic ri daoine a bhith nas neo-eisimileach agus nas èifeachdiche a thaobh cleachdadh cumhachd.

Lorg fuasglaidhean gus cumhachd a ghlèidheadh a-staigh agus anns a' choimhearsnachd agaibh, gus eimiseanan a lùghdachadh agus airgead a shabhaladh, agus aig an aon àm gus taighean a chumail blàth thairis air a' gheamhradh.





Chaidh dreach Gàidhlig a' Mhapa-lùil seo ullachadh leis an Argyll and Bute Climate Action Network (ABCAN) Hub agus eadar-theangachadh le Comataidh Mòd an Òbain 2024. Gheibhear tionndadh slàn den Mhapa-lùil ann am Beurla le bhith a' cleachdadh an QR air neo tron cheangal seo:

[adaptation.scot/take-action/
community-climate-adaptation-
routemap/](https://adaptation.scot/take-action/community-climate-adaptation-routemap/)

